

Higher Gaelic (Learners) Listening - Employment - Working as a GP

In this dialogue Alasdair is interviewed about his work as a GP.

Preasantair: Fàilte oirbh air ais chun a' phrògraim. Tha mi toilichte a ràdh gu bheil mi an-dràsta a' cur fàilte air an Dr Alasdair MacCoinnich. Fàilte dhan stiùidio.

Alasdair: Tapadh leibh, tha mi gu math toilichte a bhith an seo.

Preasantair: Seadh ma-thà inns dhuinn, carson a roghnaich sibh a bhith nur dotair bho thùs?

Alasdair: Uill, 's e dotairean a tha nam phàrantan agus tha mi a' creidsinn gun tug sin buaidh orm. 'S e dotair teaghlaich a tha nam mhàthair agus 's e neach-lannsa a bha nam athair, ged a tha e air a dhreuchd a leigeil dheth a-nis. Bha iad le chèile air leth toilichte nan obraichean. Bha iad ag obair ann an Glaschu agus an uair sin sa Ghearasdan.

Rinn mi glè mhath anns an sgoil agus b' iad Saidheans agus cuspairean dhen t-seòrsa sin a b' fheàrr leam. Saoilidh mi gun robh fios agam bho bha mi nam dheugaire gun robh mi ag iarraidh a bhith nam dhotair.

Preasantair: Innsibh dhuinn mun trèanadh agaibh mar dhotair.

Alasdair: Uill, bha an trèanadh gu math doirbh agus làn dhùbhlain. Bha agam ri còig bliadhna a dhèanamh an Oilthigh Dhùn Èideann agus bha agam ri iomadh deuchainn dhuilich a shuidhe. Bha deuchainnean pàipear agus feadhainn phractaigeach agam. An uair sin, bha agam ri dà bhliadhna eile a chur seachad ann an diofar ospadalan agus ionadan-slàinte air feadh na dùthcha. Tha mi fhathast ag ionnsachadh a h-uile latha. Feumaidh mi ionnsachadh mu dhrogaichean ùra, dòighean cùraim ùra agus mu riaghailtean ùra.

Preasantair: Cuin agus carson a cho-dhùin sibh a bhith nur dotair teaghlaich?

Alasdair: Uill, saoilidh mi gur ann nuair a bha mi fhathast san oilthigh a rinn mi suas m' inntinn gum bithinn nam dhotair teaghlaich. Ged a tha an obair aig a h-uile dotair cudromach, nam bheachd-sa, 's e am meur seo dhen dreuchd as cudromaiche.

Bitesize

Preasantair: Carson a tha e cho cudromach?

Alasdair: Nuair a tha thu nad dhotalair teaghlaich, 's tu a' chiad neach gu bheil na h-euslaintich a' tighinn. Glè thric, bidh iad làn uallaich mu staid an slàinte agus tha e an urra ris an dotair teaghlaich an cur aig fois. Mar sin, tha an dòigh a dhèiligeas tu riutha air leth cudromach. Feumaidh tu smaoineachadh dè chanas tu, dè mholas tu agus dè nì thu. Tha an dotair teaghlaich a' fosgladh no a' dùnadh a' gheata chun a' chòrr de sheirbheisean slàinte na dùthcha.

Preasantair: Dè an rud as fheàrr a tha a' còrdadh ribh mun obair?

Alasdair: 'S iad na daoine a bhios mi a' cuideachadh an rud as fheàrr leam mun obair agam. Tha mi toilichte agus taingeil gu bheil e comasach dhomh seo a dhèanamh. Tha e math cuideachd a bhith a' cur eòlas air daoine de gach seòrsa, sean agus òg, bochd agus beairteach. Siud na rudan a tha math mu bhith ag obair ann an sgìre dhùthchail.

Preasantair: Am moladh sibh do dhaoine eile ceum leighis a dhèanamh?

Alasdair: 'S e obair chruaidh, thrang, ach obair chudromach agus dheanamach a tha ann an obair dhotairean agus nursaichean. Ach, ma tha ùidh agus comas aig daoine a dhol a-steach dhan dreuchd, mholainn an obair dhaibh. Chan eil obair cho math ris air an t-saoghal.